# COMHAIRLE NAN EILEAN SIAR
## COMATAIDH NA GÀIDHLIG

Minute of Meeting held in the Council Offices, Stornoway on Tuesday 26 November 2024 at 4.00pm

Geàrr-chunntas na Coinneimh a chaidh a cumail ann an Oifisean na Comhairle, Steòrnabhagh air Dimàirt 26 Samhain 2024 aig 4.00f

**PRESENT**

Mr Donald Macsween (Chair)
Mr Uisdean Robertson (Vice-Chair)
Mr Kenneth Macleod
Mr John A Maciver
Mr Calum Maclean
Mr Duncan Macinnes MBE

**AN LÀTHAIR**

Mgr Dòmhnall MacSuain (Cathair)
Mgr Ùisdean MacDhonnchaidh (Iar-Cathair)
Mgr Coinneach MacLeòid
Mgr Iain A MacÌomhair
Mgr Calum MacIlleathain
Mgr Donnchadh MacAonghais MBE

**MEMBERS IN ATTENDANCE**
Mr Iain A MacNeil
Mr Kenneth M Macleod

**BUILL AN LÀTHAIR**
Mgr Iain A MacNeil
Mgr Coinneach M MacLeòid

**OFFICERS IN ATTENDANCE**

Mr Malcolm Burr
Dr Donald Weir
Mr Angus Maclennan
Mr Donald Macleod
Mrs Mary Clare Ferguson
Mr Colin G Morrison
Mr Derek Mackay
Mrs Marina Macaulay

**OIFIGEARAN AN LÀTHAIR**

Mgr Malcolm Burr
An t-Oll Dòmhnall Weir
Mgr Aonghas MacIllinean
Mgr Domhnall MacLeòid
Bh-ph Mary Clare
Mgr Cailean S Moireasdain
Mgr Derek MacAoidh
Bh-ph Marina NicAmhlaigh

**MINUTES**

1 Minute of Meeting of 24 September 2024

The Minute of Meeting of 24 September 2024 was **approved.**

2 Declaration of Interest

There were no declarations of interest.

**GEÀRR-CHUNNTASAN**

1 Geàrr-chunntas na Coinneimh air 24 Sultain 2024

Chaidh **aontachadh** ri Geàrr-chunntas na Coinneimh air 24 Sultain 2024.

2 Clàradh Ùidh

Cha deach ùidh a chlàradh ann an cuspair sam bith.

**CORPORATE MATTERS**

3 Sgioba na Gàidhlig Development Activity – Quarter 2 and 3 Summary

Report by Chief Executive

The Chief Executive submitted a Report which provided information concerning Gaelic development activities undertaken by Sgioba na Gàidhlig in Quarter 2 and to date in Quarter 3, 2024/25. . A summary of some of the main Gaelic development activities was provided in paragraph 6.1 of the Report.

**It was agreed to recommend that the Comhairle:**

**(1) note the Report; and**

**(2) agree that a Report be submitted to a future meeting of the Committee in relation to the Scottish Languages Bill and the opportunities for the Comhairle, and partner agencies, to engage in the process.**

**GNOTHAICHEAN CORPORRA**

3 Gnìomhan Leasachaidh Gàidhlig Sgioba na Gàidhlig – Gèarr-chunntas Ràith 2 agus 3

Aithisg leis an Àrd-oifigear

Thug an Àrd-oifigear seachad fiosrachadh mu ghnìomhan leasachadh na Gàidhlig anns an robh Sgioba na Gàidhlig an sàs ann an Ràith 2, agus gu ruige seo ann an Ràith 3, 2024/25. Bha geàrr-chunntas de na prìomh ghnìomhan leasachaidh Gàidhlig air a chur seachad aig earrann 6.1 den aithisg.

**Chaidh aontachadh ri moladh gun:**

**(1) toireadh a' Comhairle fa-near na tha am broinn na h-Aithisge; agus**

**(2) tèid aontachadh ri Aithisg a chur a-steach gu coinneamh den Chomataidh san àm ri teachd a thaobh Bile nan Cànanan Albannach agus nan cothroman a th' aig a' Chomhairle, agus buidhnean com-pàirteachais, a dhol an sàs sa phròiseas.**

**GAELIC LANGUAGE PLAN**

4 Gaelic Census Results Seminar

Report by Chief Executive

The Chief Executive submitted a Report which provided information in relation to an online Seminar held on 13 November 2024, which discussed the 2022 Gaelic Census data and Scottish Languages Bill. The Report stated that the discussion had been led by three guest speakers, including Scotland's Deputy First Minister, Kate Forbes and a summary of the main issues discussed was detailed in paragraphs 6.1, 6.2 and 6.3.

**It was agreed to recommend that the Comhairle note the Report.**

**PLANA CÀNAIN GÀIDHLIG**

4 Seiminear Thoraidheanb a'Chunntas-Shluaigh

Aithisg leis an Àrd-oifigear

Thug an Àrd-oifigear seachad fiosrachadh mu sheiminear air-loidhne a chaidh a chumail air 13nh Samhain 2024 mu dhàta a'Chunntais shluaigh 2022 a thaobh Gàidhlig agus Bile nan Cànanan Albannach. Chaidh an deasbad a stiùireadh le trì òraidichean, nam measg, Ceit Fhoirbeis, Leas-Phrìomh Mhinistear na h-Alba agus bha geàrr-chunntas de na prìomh cuspairean a chaidh an togail ann an earrannan 6.1, 6.2 agus 6.3 de'n aithisg.

**Chaidh aontachadh ri moladh gun toireadh a' Comhairle fa-near na tha am broinn na h-Aithisge**